



## Sùil Sgiobalta

Diciadain 27 Sultain		Diardaoin 28 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
A-null 's a-nall & Go! Gaelic	Cò tha Sin?	Cò tha Sin?	Cò tha Sin?
	Cànan is cleachdadh	Cànan is cleachdadh	Cànan is cleachdadh
	Tiugainn a-mach	Tiugainn a-mach	Tiugainn a-mach
Seisean A (Feasgar)	Seisean B (Feasgar)		
Messy Play	Messy Play		
Fasgadh	Fasgadh		

Bidh luchd-frithealaidh nan Tràth-ìrean cruinn còmhla airson Seisean 1. Às dèidh sin, thèid iad ann an trì buidhnean fa leth airson seiseanan 2, 3 agus 4. Bidh iad ann an dà bhuidhean airson Seisean A agus B.

## 1. A-null 's a-nall

### Marie agus Fay, Bòrd na Gàidhlig

Òrain is rannan sìmplidh airson cleachdadh anns na seiseanan 0-3 le clann agus pàrantan. Tha rannsachadh air sealltainn gu bheil òrain is rannan cho cudromach ann a bhith a' togail agus a' cleachdadh cànan agus ga stèidheachadh.

## 2. Go! Gaelic

### Jackie Mullen

Bidh Jackie Mullen, bho Sgioba Sgaoilidh Go!Gaelic aig Stòrlann, a' dèanamh bùth-obrach air mar a ghabhas an goireas Go! Gaelic a chleachdadh còmhla ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bhon Tràth Ìre chun na Dàrna Ìre. Bidh cothrom ann coimhead air planadh adhartais do Luchd-ionnsachaidh a tha ag ionnsachadh Gàidhlig mar L2 agus L3. Bidh Jackie, a dh'ionnsaich Gàidhlig i fhèin, a' toirt trèanadh ann an GLL (Gaelic Language Learning) do thidsearan ann am meadhan Alba.

'S e prògram sònraichte a th' ann an GLL (GLPS roimhe) le trèanadh, taic agus goireasan a dh'ullaicheas tidsearan leis na sgilean Gàidhlig agus na modhan teagaisg a tha riatanach gus Gàidhlig a libhrigeadh mar L2 no L3 bhon Tràth Ìre chun an Dàrna Ìre sa bhun-sgoil.

## 3. Cò tha sin?

### Dougie Beck

A' cleachdadh phupaidean airson cànan a bheothachadh le clann òg agus pàrantan.

A' coimhead ri leabhraichean a thoirt beò le bhith a' cleachdadh phupaidean agus ris an t-eòlas agus na sgilean againn fhèin a neartachadh. Diofar eisimpleirean airson pupaidean sìmplidh a chruthachadh le clann.

## 4. Tiugainn a-mach

### Alasdair MacDhaibhidh

Cothrom a dhol a-mach mu chuairt an Taigh-òsta agus coimhead dè na rudan a nì sinn còmhla le clann òg agus pàrantan a-muigh anns an àrainneachd – 's dòcha fiù 's a' coimhead airson mheanbh-bhiastagan. A' cruthachadh ghoireasan sìmplidh airson cleachdadh le clann a bhith a' cluich a-muigh.

## 5. Cànan is cleachdadh

### Alice Sharpe, Experiential Play

A' cruthachadh àrainneachd làn Gàidhlig, stèidhichte air rannsachadh anns na tràth ìrean agus bogadh cànan. Tòrr mòr fios is rudan airson cànan a neartachadh le clann agus pàrantan. Ag obair còmhla le clann aig diofar aoisean.

## 6. Messy Play

### MessyNess

Bùth-obrach air cluich le stuthan eadar-dhealaichte mar slaman-milis, cop, poll, gainmheach, duilleagan, flùr, uisge, dèideagan agus abair tòrr spòrs.

## 7. Fasgadh

### Alasdair MacDhaibhidh

A' cruthachadh àiteachan a-muigh airson clann a bhith a' cluich agus ag ionnsachadh – a' togail dens, ionadan-fasgaidh agus beagan sgilean "Bushcraft".